

# Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim a' mholaidh le Comhairle na Gàidhealtachd gus:

- sgìre-frithealaidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) a stèidheachadh airson Bun-sgoil Ulapuil. Bidh an sgìre-fhrithealaidh ùr a' gabhail a-steach sgìrean-frithealaidh Beurla aig an àm a tha an làthair aig Bun-sgoil Ulapuil, Bun-sgoil Achd Ille Bhuidhe, Bun-sgoil Bhada Call, Bun-sgoil Loch an Inbhir agus Bun-sgoil an Stòir. Bidh ullachaidhean sònraichte ann airson a bhith a' siubhal gu Ulapuil bho na ceithir sgìrean-frithealaidh a chaidh an ainmeachadh mu dheireadh; agus
- na h-ullachaidhean fhoirmealachadh a tha ann an-dràsta a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Àrd-sgoil Ulapuil, fom bi sgìre-fhrithealaidh Àrd-sgoil Ulapuil a' dèiligeadh ri Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla.

Am Faoilleach 2019

## Ro-ràdh

1.1 Tha an aithisg seo bho Foghlam Alba air a h-ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) a rèir cumhachan [Achd nan Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) (“Achd 2010”). Is e adhbhar na h-aithisg beachd neo-eisimeileach is neo-phàirteach a thabhann mu mholadh Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh sgìrean-frithealaidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) a stèidheachadh airson Bun-sgoil Ulapuil agus Àrd-sgoil Ulapuil. Tha Earrann 2 den aithisg a’ cur an cèill cunntas goirid mun phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 a’ cur an cèill beachdan Luchd-sgrùdaidh na Banrigh mu thaobhan foghlaim a’ mholaidh, a’ gabhail a-steach bheachdan cudromach a chaidh a thoirt leis an luchd-comhairleachaidh. Tha Earrann 4 a’ toirt geàrr-chunntas air beachd farsaing Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a’ mholadh. An uair a gheibhear an aithisg seo, tha an Achd a’ cur riathanas air a’ chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aige fhèin ullachadh. Bu chòir dhan aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aig a’ chomhairle a bhith a’ gabhail a-steach lethbhreac den aithisg seo agus feumaidh mìneachadh a bhith innte, ann a bhith a’ tighinn gu co-dhùnadh mun mholadh, mun lèirmheas a tha e air a dhèanamh air a’ mholadh a chaidh a dhèanamh o thùs, a’ gabhail a-steach geàrr-chunntas de na puingean a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle dhaibh. Feumaidh a’ chomhairle aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus tig e gu co-dhùnadh deireannach. Far a bheil comhairle a’ moladh sgoil a dhùnadh, feumaidh e na dleastanasan reachdail air fad a tha ann an Achd 2010 a choileanadh, a’ gabhail a-steach a bhith a’ toirt fios do Mhinistearan taobh a-staigh sia làithean obrach on a thig e chun a’ cho-dhùnaidh dheireannaich agus a’ mìneachadh do luchd-co-chomhairleachaidh an cothrom a tha aca riochdachaidhean a dhèanamh gu na Ministearan.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- a’ bhuidh a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh air clann agus daoine òga bho na sgoiltean; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann agus daoine òga a dh’fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho cheann-là foillseachaidh na h-aithisg molaidh; agus clann agus daoine òga eile ann an roinn na comhairle;
- buaidh sam bith eile a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh;
- mar a tha a’ chomhairle am beachd droch bhuidh sam bith a dh’fhaodadh èirigh bhon mholadh, a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle am beachd a thigeadh bho bhith a’ cur a’ mholaidh seo an cèill, agus adhbharan na comhairle airson a bhith a’ tighinn chun nam beachdan sin.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh na gnìomhan a leanas:

- beachdachadh air na pàipearan iomchaidh air fad a chaidh a sgaoileadh leis a’ chomhairle a thaobh a’ mholaidh, gu sònraichte an aithris air buannachdan foghlaim agus na

sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh buntainneach, fianais sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan agus bho dhaoine eile;

- cuairtean gu Bun-sgoil Ulapuil, Bun-sgoil Bhada Call, Bun-sgoil Loch an Inbhir, Bun-sgoil Achd Ille Bhuidhe agus Àrd-sgoil Ulapuil, a' gabhail a-steach conaltradh ri luchd-comhairleachaidh iomchaidh, agus
- conaltraidhean a tha iomchaidh a thaobh a' cho-chomhairleachaidh, a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig.

## 2. Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Rinn Comhairle na Gàidhealtachd co-chomhairleachadh air a mholadh (nam molaidhean) a rèir cumhachan [Achd nan Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Lean am pròiseas co-chomhairleachaidh bho 29 Dàmhair 2018 gu 10 Dùbhlachd 2018. Rè an ama sin chaidh coinneamh phoblach a chumail aig Bun-sgoil Ulapuil. Fhritheil còignear bhon phoball a' choinneamh. Chaidh fios a chur sna pàipearan ionadail agus air seirbheisean air-loidhne na comhairle. Chaidh fios mun cho-chomhairleachadh a thoirt do chomhairleachaidhean reachdail, a' gabhail a-steach pàrantan/luchd-cùraim, clann, luchd-obrach agus Bòrd na Gàidhlig. Dhearbh a' chomhairle gun deach innse do Chomann nam Pàrant mun mholadh, ged nach robh iad air an liosta cho-chomhairleachaidh. Dh'fhoillsich a' chomhairle na pàipearan airson a' cho-chomhairleachadh air a làrach-lìn. Sgaoil e pàipearan air làn raon de luchd-ùidh agus feadhainn aig an robh ùidh ann. Chuir a' chomhairle ann an àite ullachaidhean iomchaidh gus leigeil leis an fheadhainn aig an robh ùidh ann freagairt a thoirt don mholadh, gu h-eileagtronaigeach no ann an sgrìobhadh. Fhuair còig fiosan sgrìobhte a bha a' togail uallachaidhean mun mholadh. Bha seo a' gabhail a-steach freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig far an robh iad a' nochdadh an uallaich a bha orra mu thaobhan den mholadh a bhith a' stèidheachadh sgìrean-frithealaidh airson FMG.

## 3. Taobhan Foghlaim a' Mholaidh

3.1 Tha moladh Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt freagairt do reachdas a tha a' gabhail a-steach a bhith a' stèidheachadh sgìrean-frithealaidh airson solair FMG. Tha an àireamh de sgoilearan a tha a' roghnachadh FMG aig Bun-sgoil Ulapuil a' meudachadh. **Tha pàtran a' nochdadh a tha a' sealltainn gu bheil an ìre mhath a' chlann air fad aig Bun-sgoil Ulapuil a' roghnachadh FMG seach Foghlam tro Mheadhan na Beurla (EME).** Tha a' chlann sin an ìre mhath uile bhon sgìre-frithealaidh airson EME. Ach, tha beagan den chloinn bho thaobh a-muigh na sgìre-frithealaidh agus am pàrantan air FMG a roghnachadh. Bha an ìre mhath a h-uile neach ris an deach comhairle a chur ag ràdh gun robh e cudromach gun deigheadh dìon a chur air còraichean phàrantan a tha a' roghnachadh FMG aig an àm a tha an làthair, cho math ris a' chòir gum biodh FMG mar roghainn san àm ri teachd. Chuir iad cudrom air a' bhuannachd a dh'fhaodadh a bhith an cois a' mholaidh nach biodh aig pàrantan ri iarrtas suidheachaidh a dhèanamh airson FMG aig Bun-sgoil Ulapuil, no iarrtas airson còmhdhail fhaighinn.

3.2 Tha cùisean iom-fhillte agus frionasach aig a' chomhairle ri rianachd taobh a-staigh crìochan a' chonaltraidh seo. Tha am Plana Gàidhlig a' daingneachadh mar a bheir iad taic do phrìomhachasan nàiseanta gus taic a chur ri fàs agus seasmhachd na Gàidhlig. Is e aon de dh'adhbharan a' mholaidh seo FMG a dhèanamh cho so-ruigsinneach 's a ghabhas. Tha a' chomhairle ag adhartachadh nam prionnsapalan de luach as fheàrr airson a bhith a' cumail sgoiltean a' dol ann an ceàrnaidhean air an tuath. Tha cuid de na sgoiltean a tha a' tighinn fo bhuaidh na co-chomhairleachaidh seo ann an ceàrnaidhean gu mòr a-muigh air an tuath agus anns a bheil àireamhan gu math beag de chlann. Tha aon de na sgoiltean a tha sa Bhuidheann Sgoile Co-cheangailte (ASG), Bun-sgoil Sgoraig, nach eil air an lionra rathaidean nàiseanta. Cha mhòr

nach do dh'aontaich an luchd-co-chomhairleachaidh air fad nach biodh e practaigeach Bun-sgoil Sgoraig a ghabhail a-steach san sgìre-fhrithéalaidh a bhathar a' moladh airson FMG. Tha Bun-sgoil an Stòir air a bhith dùinte car ùine. Nan deigheadh a fosgladh, bu chòir dhan chomhairle faighinn a-mach am biodh iarrtas ann airson FMG. Ann an àiteachan a tha gu mòr a-muigh air an tuath, tha cuid de na co-chomhairleachaidhean le iomnaidh gun toir roghainn FMG aig Bun-sgoil Ulapuill droch bhuaidh air leantainneachd nan sgoiltean ionadail san àm ri teachd. Aig an aon àm, tha pàrantan agus luchd-foghlaim a' tuigsinn na buaidh a tha aig gainnead thidsearan gu nàiseanta air FMG, agus na dùbhlain a tha ann a bhith a' fastadh agus a' cumail thidsearan ann an cuid de cheàrnaidhean air an tuath. Tha seo, dhaibhsan, na adhbhar airson taic a thoirt don mholadh sgìre-fhrithéalaidh FMG a shuidheachadh airson Bun-sgoil Ulapuill. Ach, tha uallach air cuid de na co-chomhairleachaidhean nach eil cuid de na h-astaran a dh'fheumar siubhal reusanta, gu sònraichte do chlann òg. Tha cuideachd grunnan cho-chomhairleachaidhean air a bheil uallaichean mu shàbhailteachd chloinne òig a bhios a' siubhal air busaichean. Tha pàipear molaidh na comhairle fhèin a' togail air "na h-astaran fada a dh'fheumar siubhal" agus a' leantainn air adhart ag ràdh nach eil a' chomhairle a' sùileachadh 'buaidh mhòr sam bith air na h-àireamhan sna sgoiltean. Cha mhotha a tha sinn a' sùileachadh buaidh sam bith air luchd-obrach sna sgoiltean ann an ASG Ulapuill'. Bu chòir dhan chomhairle leantainn air adhart ag obair le luchd-ùidh ann a bhith a' dèiligeadh ris na h-uallachaidhean sin. Bu chòir do dh'aithris na comhairle mu bhuanachdan foghlaim a' mholaidh seo barrachd mìneachaidh a dhèanamh air buannachdan a' mholaidh do sgoilearan an là an-diugh agus an là a-màireach. Ann a bhith a' dèanamh seo, bu chòir dhaibh cunntas a thoirt air na h-uallachaidhean a chaidh a thogail.

3.3 Thog freagairt Bhòrd na Gàidhlig don cho-chomhairleachadh cuid de dh'uallachaidhean mun mholadh. Thug Bòrd na Gàidhlig iomradh air sgìrean-frithealaidh FMG mar a bhith a' gabhail a-steach grunnan sgìrean-frithealaidh EME agus gur ann 'gu sònraichte airson sgìrean bailteil' a tha seo. Chan eil an stiùireadh a' dèanamh eadar-dhealachadh eadar suidheachaidhean air an tuath no ann am bailtean mòra. Tha Bòrd na Gàidhlig air tabhann gun obraich iad còmhla ris a' chomhairle gus fuasglaidhean a sgrùdadh a thaobh nan uallachaidhean a tha iad air a thogail. Tha a' chomhairle air innse do Luchd-sgrùdaidh na Banrigh gun lean iad orra ag obair le Bòrd na Gàidhlig. Tha iad cuideachd air soilleireachadh ann an sgrìobhadh, gun toir iad cunntas nas mionaidiche san aithisg dheireannaich aca, gun toir iad cunntas nas mionaidiche mun dòigh anns an lean iad orra a' cur an sàs an Stiùiridh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig, 2017 gus barrachd solar FMG a shuidheachadh, nam biodh iarrtas ann airson sin san àm ri teachd. Tro thìde, dh'fhaodadh gun lùghdaicheadh a leithid sin de cheumannan an ùine siubhail. Bu chòir do dh'aithisg dheireannach na comhairle am modh-obrach a thaobh adhartachadh cunbhalach air FMG a shoilleireachadh, agus bheireadh sin taic ann an dèiligeadh ri uallachaidhean a chaidh a thogail a thaobh tàladh phàrantan gu bhith a' taghadh FMG.

3.4 Bha na co-chomhairleachaidhean a' toirt taic làidir don mholadh sgìre-fhrithéalaidh FMG a stèidheachadh airson Àrd-sgoil Ulapuill. Ach, bha uallach orra mun dìth leantainneachd a bha an àrd-sgoil a' tabhann do na h-ìrean bun-sgoile. Nochd na pàrantan ùidh làidir ann a bhith ag obair leis a' cheannard agus an luchd-obrach gus libhrigeadh a' Churraicealam airson Sàr-mhathais tron Ghàidhlig, a mheudachadh. Nochd grunnan phàrantan chloinne aig ìrean bun-sgoile EMG ùidh sa chlann aca a bhith a' faighinn cothrom air Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) mar phàirt de Modh-obrach 1+2 Ionnsachadh Cànan ann an Alba.

3.5 Shoilleirich beagan cho-chomhairleachaidhean gu bheil sgìre deas air Drochaid a' Chaolais Chumhaing a tha mar phàirt de sgìre-fhrithéalaidh Bun-sgoil Sgobharaidh. Bidh na sgoilearan sin a' dol air adhart gu Àrd-sgoil Ulapuill seach gu Àrd-sgoil Cheann Loch Biorbhaidh, far am bi sgoilearan eile aig Bun-sgoil Sgobharaidh a' dol. Na aithisg dheireannach, bu chòir dhan chomhairle soilleireachadh nas motha a dhèanamh air na h-ullachaidhean airson Drochaid a' Chaolais Chumhaing, nam biodh pàrantan ag iarraidh FMG a tha gu cunbhalach adhartach.

## 4. Geàrr-iomradh

San fharsaingeachd, tha buannachd foghlaim ann am moladh na comhairle do chuid de chlann agus pàrantan leis gu bheil e a' meudachadh cothrom air FMG. Aig an àm seo, tha am moladh a' dèanamh an fheum as fheàrr de stòrasan, agus a' coinneachadh an iarrtais a tha ann aig an àm a tha an làthair airson FMG. Tha iomagain reusanta aig a' chomhairle mu chuid de nithean ann a bhith a' toirt a' mholaidh air adhart, mar a tha air a mhìneachadh ann an earrann a trì den aithisg seo. Bu chòir dhaibh barrachd fiosrachaidh a thoirt seachad mu bhuannachdan foghlaim a' mholaidh seo, a tha a-mhàin co-cheangailte ri FMG san sgìre-fhrithéalaidh a tha iad a' moladh. Tha e cudromach gun soilleirich iad nas motha an ro-innleachd airson adhartachadh cothruim air FMG agus a bhith a' dèiligeadh ri iarrtasan phàrantan airson a bhith suidheachadh solar FMG ùr. Bu chòir dhaibh tuilleadh mìneachaidh a dhèanamh air an dòigh san dèilig iad ri sàbhailteachd chloinne an uair a bhios iad a' siubhal air busaichean. Feumaidh a' chomhairle leantainn air adhart a' conaltradh ris an luchd-ùidh air fad, a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig, ann an dèiligeadh ris na h-uallachaidhean a tha air am mìneachadh ann an earrann a trì den aithisg seo.

### **Luchd-sgrùdaidh na Banrigh Am Faoilleach 2019**